

19 Lùnastal 2025

A phàrant/neach-cùraim chòir

Sa Chèitean 2025, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Bun-sgoil Ghàidhlig Thornliebank. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Rinn Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim sgrùdadadh air clas-àraich Bun-sgoil Ghàidhlig Thornliebank anns na 18 mìosan seo chaidh. Air an adhbhar sin, dh'aontaich sinn leis an ùghdarris ionadail agus an sgoil nach eil an clas-àraich na phàirt den sgrùdadadh seo.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Tha a' chlann misneachail agus deas-labhrach. Tha iad a' dol an sàs gu deimhinneach san ionnsachadh aca. Bidh iad ag obair gu math còmhla, a' toirt taic dha chèile agus a' nochdadadh luachan na sgoile gu math. Tha a' chlann glè mhoiteil às an sgoil aca.
- Bidh an ceannard ag obair gu h-èifeachdach leis an luchd-obrach gu lèir gus àrainneachd bhlàth, fhàilteachail, choibhneil a chruthachadh airson ionnsachadh. Mar thoradh air sin, tha clann a' faireachdainn sàbhailte, gu bheil luach ga chur annta agus gu bheileas a' coimhead às an dèidh.
- Bidh luchd-obrach a' cleachdadadh raon de dheagh eadar-theachdan airson clann a dh'fheumas taic a bharrachd nan ionnsachadh. Tha seo gan cuideachadh a' dèanamh adhartas nas fheàrr nan ionnsachadh.
- Tha clann a' dèanamh adhartas glè mhath ann a bhith a' leasachadh an tuigse air Gàidhlig labhairteach. Tha iad a' faighinn taic glè mhath bho mar a tha tidsearan a' cur gu feum dòighean-obrach bogaidh gu sgileil.

Chaidh na raointean leasachaидh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus rìochdairean bho Chomhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear.

- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus tidsearan cumail orra a' dèanamh cinnteach à dòigh-obrach chunbalach a thaobh sàr eòlasan ionnsachaидh airson gach pàiste san sgoil. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach barrachd chothroman a thoirt do chlann an ionnsachadh fhèin a stiùireadh.
- Bu chòir do luchd-obrach cumail orra ag obair còmhla gus buileachadh chloinne ann an littearrachd agus àireamhachd a thogail tuilleadh.
- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-obrach cumail orra a' cur an gnìomh am plana ro-innleachdail airson Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaيدh. Bu chòir dhaibh cumail orra a' meudachadh chompàirteachasan le luchd-labhairt na Gàidhlig sa choimhearsnachd, buidhnean Gàidhlig, agus buidhnean ionadail is nàiseanta eile. Bu chòir

dha seo barrachd chothroman a thoirt do chlann an cuid Gàidhlig a chleachdadh agus a leasachadh.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air cuid de shlataintomhais deagh-ghnè à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4^{mh} eagan\)](#). Bidh slatan-tomhais deagh-ghnè a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè a tha math agus dè a dh'fheumar leasachadh. An dèidh sgrùdadh gach sgoile, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil Ghàidhlig Thornliebank

Slatan-tomhais deagh-ghnè	Luachadh
Ionnsachadh, teagast agus measadh	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4^{mh} eagan) , Pàipear-taice 3: An sgèile sia puing	

Bidh sgriobhainn le fiosrachadh nas mionaidich, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF) ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:

[Bun-sgoil Ghàidhlig Thornliebank | Aithisg Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhair sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadadh seo. Bheir Comhairle Siòrrachd Rinn Friù an Ear fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Victoria Morgan
Neach-sgrùdaidh an Rìgh